

## Higher Gaelic (Learners) – Listening – Careers

Alasdair gives a radio interview about his work as a GP.

**Preasantair:** Fàilte oirbh air ais chun a' phrògram. Tha sinn an-diugh a' cumail oirnn le sreach de chòmhraidhean le daoine a tha cudromach nar coimhearsnachdan. Tha mi toilichte a ràdh gu bheil mi an-dràsta a' cur fàilte air fear de na dotairean againn, an Dr Alasdair Davies. Fàilte dhan stiùdio.

**Alasdair:** Tapadh leibh, tha mi gu math toilichte a bhith an seo.

**Preasantair:** A-nis ma-thà, inns dhuinn carson a roghnaich sibh dotaireachd a dhèanamh bho thùs.

**Alasdair:** Uill, 's e dotair a tha nam athair agus nam mhàthair cuideachd agus tha mi a' creidsinn gun tug sin buaidh orm. 'S e dotair teaghlaich a tha nam mhàthair agus 's e neach-lannsa a tha nam athair, ged a tha e air a dhreuchd a leigeil dheth a-nis. Bha iad le chèile air leth toilichte nan obraichean. Bha iad ag obair ann an Glaschu agus an uair sin sa Ghearasdan.

Bha mi a' dèanamh glè mhath anns an sgoil agus b' e saidheans agus cuspairean dhen t-seòrsa sin a b' fheàrr a bha a' còrdadh rium. Saoilidh mi gun robh fios agam bhon bha mi nam dheugaire gun robh mi ag iarraidh a bhith nam dhotair.

**Preasantair:** Inns dhuinn mun trèanadh agaibh mar dhotair.

**Alasdair:** Uill, bha an trèanadh gu math doirbh agus làn dhùbhlann. Bha agam ri còig bliadhna a dhèanamh aig Oilthigh Dhùn Èideann agus bha agam ri iomadh deuchainn dhuilich a shuidhe. Bha deuchainnean air pàipear agus feadhainn phractaigeach agam. A bharrachd air an sin, bha agam ri greisean-obrach a chur seachad ann an diofar ospadalan agus

# Bitesize

aonadan-dotair air feadh na dùthcha. Bha na bliadhnaichean ionnsachaidh agam doirbh agus tha mi fhathast ag ionnsachadh a h-uile latha. Feumaidh mi ionnsachadh mu dhrogaichean ùra, dòighean cùram ùra agus mu riaghailtean ùra.

## **Preasantair: Cuin agus Carson a cho-dhùin sibh a bhith nur dotair teaghlaich?**

**Alasdair:** Uill, saoilidh mi gur ann nuair a bha mi san oilthigh a rinn mi suas m' inntinn gum bithinn nam dhotair teaghlaich. Ged a tha a h-uile obair dotaireachd cudromach, ann an dòigh, 's e am meur seo dhen dreuchd as cudromaiche.

## **Preasantair: Carson a tha e cho cudromach?**

**Alasdair:** Nuair a tha thu nad dhotair teaghlaich, 's tu a' chiad neach gu bheil na h-euslaintich a' tighinn. Mura h-eil iad a' faireachdann gu math, 's ann thugadsa a thèid iad an toiseach. Glè thric, bidh iad làn uallaich mu staid an slàinte agus tha e an urra ris an dotair teaghlaich an cur aig fois. Mar sin, tha an dòigh a dhèiligeas tu riutha air leth cudromach. Feumaidh tu smaoineachadh dè chanas tu, dè mholas tu agus dè nì thu. Chan eil math dhut dìreach an cur dhachaigh gun sgrùdadadh ceart a dhèanamh air an slàinte. Tha an dotair teaghlaich a' fosgladh no a' dùnad a' gheata chun a' chòrr de sheirbheisean meidigeach na dùthcha.

## **Preasantair: Dè an rud as fheàrr a tha a' cordadh ribh mun obair?**

**Alasdair:** Na daoine. Gun teagamh sam bith, 's iad na daoine a bhios mi a' cuideachadh an rud as fheàrr leam mun obair agam. Tha e math a bhith a' cuideachadh dhaoine, a' toirt taic dhaibh nuair a tha iad a' cur feum ort. Tha mi toilichte agus taingeil gu bheil e comasach dhomh seo a dhèanamh. Tha e math cuideachd a bhith a' faighinn eòlas air daoine de gach seòrsa, sean agus òg, bochd agus beairteach. Siud na rudan a tha math mu bhith ag obair ann an sgìre dhùthchail.

## Preasantair: Am moladh sibh do dhaoine eile ceum a dhèanamh ann an dotaireachd?

**Alasdair:** 'S e obair chruaidh, thrang, ach obair chudromach agus dheatamach a tha ann an obair dhotairean agus nursaichean. Chan eil teagamh ann nach e obair a tha seo a tha freagarrach dha duine sam bith. Ach, ma tha ùidh agus comas aig daoine a dhol a-steach dhan dreuchd, bu chòir dhaibh sin a dhèanamh. Chan eil obair cho math ris air an t-saoghal.